

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.maclean@bbc.co.uk. This is Litir 481. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 177 corresponds to Litir 481.

Tha ceist agam dhuibh aig toiseach na Litreach an t-seachdain seo. An ath-bhliadhna – ann an dà mhìle 's a naoi (2009) – bithear a' comharrachadh droch thachartas ann an eachdraidh nan Gàidheal ann an Alba. Tachartas a thug buille chruaidh dha-rìribh air na Gàidheil mar shluagh.

A bheil fios agaibh dè bh' ann? Thachair e o chionn ceithir cheud bliadhna – an ath-bhliadhna – ann an sia ceud deug 's a naoi (1609). 'S dòcha nach robh e cho cruaidh air na Gàidheil ann an taobh sear is meadhan na Gàidhealtachd ach bha e cruaidh orra air an taobh an iar. Rinn e cinnteach gur ann air an rathad sìos a bhiodh a' Ghàidhlig ann an Alba, eadhon air a' Ghàidhealtachd, bho sin a-mach. Dh'fhaodar a ràdh gu bheil sinn fhathast a' fulang a bhuaidh.

Innsidh mi dhuibh dè bh' ann. As t-samhradh sia ceud deug 's a naoi (1609), chaidh Reachdas Eilean Ì a chur an sàs. Ann am Beurla thathar eòlach air mar *The Statutes of Iona*. An ath-bhliadhna bu chòir do na Gàidheil a bhith a' foillseachadh dè dìreach a bh' ann an Reachdas Ì oir lean faisg air ceithir cheud bliadhna de **leth-bhreith** leis an stàit an aghaidh ar cànan, ar cultair 's ar dearbh-aithneachaidh.

Bha Seumas VI air an rìgh-chathair aig an àm. Bho fhuair e crùn Shasainn, a bharrachd air crùn na h-Alba, ann an sia ceud deug 's a trì (1603), thòisich e air a bhith cruaidh air na Gàidheil. Bha an dubh-ghràin aige air muinntir na Gàidhlig anns an fharsaingeachd, ach **gu seachd àraidh** air na h-eileanaich. Ann an sia ceud deug 's a naoi (1609), ghluais e gus fineachan an taobh an iar a chur fo a smachd.

Chaidh na cinn-chinnidh mar a leanas a chur an grèim le foill. À Ìle bha Aonghas Dòmhnallach. À Muile bha Eachann MacIlleathain às an Dubh-àird agus a bhràithrean Lachlann is Ailean, agus Lachlann MacIlleathain an Locha Bhuidhe. Às an Eilean Sgitheanach bha Dòmhnall Gorm Dòmhnallach à Slèite agus Ruairidh MacFhionghain às an t-Srath. À Uibhist bha Dòmhnall Dòmhnallach Chlann Raghnaill. A bharrachd air sin bha Ruairidh MacLeòid às Na Hearadh, Gilleasbaig MacGuairne à Ulbha agus Dòmhnall Mac-a-Phì à Colbhasa.

Chaidh na cinn-chinnidh sin a thoirt gu dàil, no co-labhairt, ann am Muile. Chaidh cuireadh a thoirt dhaibh dhol air bòrd soitheach anns am biodh Easbaig nan Eilean, Anndra Knox, a' searmonachadh. Chaidh iad ann, gu neoichiontach, agus chaidh an cur an grèim. Dh'aontaich iad dhol gu dàil eile ann an Ì.

Choinnich iad ann an Ì anns an Iuchar sia ceud deug 's a naoi (1609). Bha dusan earrann anns an reachdas. Seo feadhainn dhiubh:

1. Dh'fheumadh na cinn-chinnidh an taic a thoirt don Eaglais Phròstanaich agus am ministearan a phàigheadh.
2. Bhiodh spidealan no taighean-òsta air an stèidheachadh far am faigheadh daoine àite-fuirich.
3. Cha robh cead aig na cinn-chinnidh mòran uaislean a chumail san dachaigh aca tuilleadh.
4. Chan fhaodadh eileanach tuilleadh a bhith a' ceannach fion bho thall thairis, ged a bhiodh cead aca uisge-beatha a dhèanamh dhaibh fhèin.
5. Cha robh cead aig duine gunna a chleachdadh eadhon airson losgadh air fèidh, maighich no eòin.

Ach bha dà earrainn eile ann an Reachdas Ì a bha na bu mhiosa na gin dhiubh sin oir shàth iad sgian ann an cridhe nan Gàidheal air taobh an iar na h-Alba. Bheir sinn sùil orra sin anns an ath Litir.

* * * * *

Faclan na Litreach: Reachdas Eilean Ì: *The Statutes of Iona*; rìgh-chathair: *throne*; dàil: *meeting, convention (the Irish Parliament is the Dáil)*; gu neoichiontach: *innocently*; earrann: *section*.

Abairtean na Litreach: an ath-bhliadhna: *next year*; bithear a' comharrachadh droch thachartas: *a bad occurrence will be marked*; a thug buille chruaidh dha-rìribh air X: *which delivered a terrible blow to X*; mar shluagh: *as a people*; bha e cruaidh orra air an taobh an iar: *it was hard on them in the west*; gur ann air an rathad sìos a bhiodh X: *that X would be going downhill ["on the road down"]*; fhathast a' fulang a bhuaidh: *still suffering [from] its influence*; bha an dubh-ghràin aige air muinntir na Gàidhlig anns an fharsaingeachd: *he absolutely hated the Gaelic people in general*; gus fineachan an taobh an iar a chur fo a smachd: *to put the clans of the west under his control*; chaidh na cinn-chinnidh mar a leanas a chur an grèim le foill: *the following clan chiefs were arrested by treachery*; dhol air bòrd soitheach anns am biodh Easbaig nan Eilean a' searmonachadh: *to go on board a vessel in which the Bishop of the Isles would be preaching*; bhiodh spidealan no taighean-òsta air an stèidheachadh: *wayside accommodation or inns would be established*; cha robh cead aig X mòran uaislean a chumail san dachaigh aca tuilleadh: *X were no longer permitted to keep many gentlemen in their home*; chan fhaodadh eileanach tuilleadh a bhith a' ceannach fion bho thall thairis: *islanders could no longer buy wine from overseas*; gunna a chleachdadh eadhon airson losgadh air fèidh, maighich no eòin: *to use a gun, even to shoot deer, hares or birds*; shàth iad sgian ann an cridhe nan Gàidheal: *it thrust a knife into the heart[s] of the Gaels*.

Puing-chànain na Litreach: ceithir cheud bliadhna de leth-bhreith leis an stàit an aghaidh ar cànan, ar cultair 's ar dearbh-aithneachaidh: *four hundred years of discrimination by the state against our language, our culture and our identity*. Leth-bhreith literally means "half judgement" ie "partiality" – supporting only one side of a particular argument. It has also come therefore to mean "discrimination" in more general terms. Leth is used in an enormous number of compounds, most commonly meaning "half" but also "one of a pair" eg leth-shùileach (one-eyed), leth-chasach (one-legged). For a good list of leth- compounds, see either Dwelly's or Mark's dictionaries.

Gnathas-cainnt na Litreach: ach gu seachd àraidh air na h-eileanaich: *but particularly [on] the islanders*.

** Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA*